



AITHISG BHLIADHNAIL & AITHRIS NAN CUNNTASAN

08 | 09

ANNUAL REPORT & STATEMENT OF ACCOUNTS

08 | 09



Rathad Shìphoirt
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2SD

09 Iuchar 2009

Collette Bowe
Cathraiche
Ofcom
Riverside House
2A Southwark Bridge Road
LUNNAINN
SE1 9HA

A Bh. Uas. Bowe

Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan

An co-chòrdadh ri Earrann 19(12) de Achd Craolaidh 1990, tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnail Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2009.

Alasdair Moireasdan
CATHRAICHE

Seaforth Road
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2SD

09 July 2009

Collette Bowe
Chairman
Ofcom
Riverside House
2A Southwark Bridge Road
LONDON
SE1 9HA

Dear Ms Bowe

Annual Report & Statement of Accounts

In accordance with Schedule 19(12) of the Broadcasting Act 1990, I enclose the Annual Report of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (Gaelic Media Service) and the Statement of Accounts for the year ended 31 Màrt 2009.

Alasdair Morrison
CHAIRMAN



CLÀR-INNSE CONTENTS



Teachdaireachd a' Chathraiche Chairman's Message	4
Lèirmheas an Àrd-oifigeir Chief Executive's Review	6
Toraidhean is Amasan 2008 09 Outputs and Objectives 2008 09	9
BBC ALBA – lèirsinn an t-sianail BBC ALBA – vision for a new channel	10
BBC ALBA – oidhche fhosglaidh BBC ALBA – channel launch	12
BBC ALBA – prògraman BBC ALBA – programmes	14
Rannsachadh Luchd-amhairc Audience Research	18
Tàlant – FilmG Talent – FilmG	20
Tàlant – trèanadh Talent – training	22
Aithris Riaghlaidh Governance Statement	24
Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (ag obrachadh fon ainm MG ALBA) – Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2009 Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (operating as MG ALBA) – Accounts for the year ended 31 March 2009	29
Tuilleadh Fiosrachaidh Additional Information	46
Luchd-obrach Staff	48
Buill a' Bhùird Board Members	50
Comhairlichean Fios Thugainn Advisors Contact details	52



TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE CHAIRMAN'S MESSAGE

4



Alasdair Moireasdan

Alasdair Moireasdan | Cathraiche
Alasdair Morrison | Chairman

Aig 9.00f air 19mh den t-Sultain 2008 nochd a' chiad shealladh do BhBC ALBA. As dèidh nam bliadhnaichean mòra de dh'obair chruaidh agus iomairtean dìcheallach, bhathas mu dheireadh thall a' coilionadh an amais airson seirbheis telebhisein Ghàidhlig a stèidheachadh. Fhad 's a tha mi a' sgrìobhadh, chan eil an t-seirbheis ùr fhathast air a chiad chola-breith a ruighinn. Ach ged nach eil i ach glè òg, tha BBC ALBA stèidhichte mar-thà mar phàirt riatanach den àrainneachd chraolaidh san Rìoghachd Aonaichte. Tha an iomairt a chaidh a chur air bhonn bho chionn leth-cheud bliadhna airson àite a ghleidheadh air bannan-craolaidh rèidio air ar toirt gu suidheachadh anns a bheil goireasan agus bun-structar againn airson seirbheis telebhisein a tha smioral agus coileanta san latha an-diugh.

B' e tachartas air leth a bh' ann nuair a thàinig an t-seirbheis ùr air an adhair, ach tha gu leòr againn fhathast ri dhèanamh. Chan eil an obair airson àite BBC ALBA

At 9.00pm on September the 19th 2008, BBC ALBA breathed its first. Decades of hard work and diligent campaigning finally realised the ambition of a dedicated Gaelic television service. At the time of writing, the new service has yet to celebrate its first birthday. But even in infancy BBC ALBA is already a firm fixture in the broadcasting firmament of the United Kingdom. What began fifty years ago as a campaign to secure a foothold on radio frequencies has now culminated in securing resources and infrastructure for a modern, relevant, entertaining and comprehensive television service.

Whilst the switch-on event on that historic evening last September is noteworthy, we still have much to do. Securing BBC ALBA's rightful place on Freeview is unfinished



a ghleidheadh air Freeview fhathast crìochnaichte. Tha àireamhan an luchd-amhairc uabhasach brosnachail; tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil 220,000 neach-amhairc a' coimhead air an t-sianal a h-uile seachdain. Mu choinneamh na targaid airson 250,000 a chur Urras a' BhBC mu choinneamh an t-sianail, tha an àireamh seo nas misneachail buileach is gun fiù 's BBC ALBA air Freeview.

Bhon t-Sultain 2008, tha "ceist Freeview" air a bhith aig cridhe a h-uile còmhraidh mun t-seirbheis. Leis an luchd-amhairc a' tionndadh gu didseatach, tha e follaiseach gu bheil iarrtas mòr ann airson BBC ALBA air telebhisean didseatach talmhainn. Ma dh'obraicheas sinn còmhla ri Urras a' BhBC, Ofcom agus an riaghaltas, tha misneachd agam gun gabh spectrum a ghleidheadh airson BBC ALBA a chuireas an sianal air stèidh cho-ionnan ri craoladairean nam mion-chànanan eile.

B' e Niall Friseal, a bha na Chathraiche air MG ALBA mus tàinig mise dhan dreuchd. 'S e, a bh' aig an stiùir air an t-slighe chun na seirbheis a th' againn an-diugh. Tha sinn taingeil do Niall airson a bhith na cheannard cho dìleas 's cho dìcheallach. Leis a stiùir 's a chuideachadh, chaidh aig MG ALBA agus am BBC co-bhanntachd a stèidheachadh eatarra. Chan eil samhla air a' cho-bhanntachd seo, agus an dà bhuidheann co-ionnan ann an obair stiùiridh is libhrigidh na seirbheis. Bu mhath leam taing a thoirt do Choinneach MacGuairne, Stiùiriche a' BhBC ann an Alba, agus don luchd-obrach aige, a tha ag obair còmhla rinn uile aig MG ALBA sa cho-bhanntachd.

Tha an t-Àrd Oifigear againn, Dòmhnall Caimbeul, air an 24 luchd-obrach againn a threòrachadh tro iomadh atharrachadh. Tha iad air obair chudromach a dhèanamh airson BBC ALBA, agus tha sinn gu mòr an comain an cuid phroifeiseantachd agus dìcheallachd.

Tha taic agus deagh rùn roinnean riaghaltais ann an Dùn Èideann agus Lunnainn, ughdarrasan ionadail, bhuidhnean Gàidhlig, na buidhne riaghlaidh, craoladairean agus riochdairean neo-eisimeileach air a bhith air leth luachmhor dhuinn, agus cuiridh sinn feum air an taic san àm ri teachd.

Mar Chathraiche MG ALBA, tha mi a' faighinn taic agus comhairle bhon aon bhall deug eile air a' bhòrd. Tha mi nan comain airson an cuid chomhairle agus eòlais, a bhios sàr-chudromach dhuinn san iomairt a bhith a' leasachadh agus a' leudachadh na tha BBC ALBA a' tabhann an-dràsta.

Is e ar prìomh adhbhar-bith a bhith a' riarachadh luchd-amhairc agus luchd-èisteachd. Cha bhi am prìomhachas sin ga lughdachadh no ga lagachadh aig àm sam bith. Tha mòran againn fhathast ri dhèanamh airson an t-seirbheis a chur an sàs agus a dhèanamh nas fheàrr. Is e sin an dleastanas a bhios oirnn air a' bhliadhna a tha romhainn.

business. Our viewing figures are hugely encouraging, audience research shows an average of 220,000 viewers tuning in each week. Against the target of 250,000 set for the channel by the BBC Trust when the service licence was granted, this figure is all the more remarkable given that the channel is currently available only on satellite platforms.

Since September 2008, the "Freeview issue" has dominated discussions about the service. As viewers switch to digital there is clearly a popular demand for BBC ALBA on digital terrestrial television. I am confident that as we work with the BBC Trust, with Ofcom and with government, spectrum can be secured for BBC ALBA to place the channel on an equal footing with other indigenous language broadcasters.

My predecessor, Neil Fraser, was instrumental in leading and shaping the service we enjoy today. We are grateful for Neil's leadership and years of faithful service. He ably led and helped form the partnership between MG ALBA and the BBC. This unique partnership of equals now operates and oversees the delivery of the service. I'd like to thank the Director of BBC Scotland, Ken MacQuarrie, and his staff who work co-operatively in genuine partnership with all of us at MG ALBA.

Our Chief Executive, Donald Campbell, has led our 24 staff throughout the period of transition. They've all made an important contribution to BBC ALBA, and their professionalism and diligence is greatly appreciated.

The support and goodwill of government departments in Edinburgh and London, local authorities, Gaelic organisations, the regulator, broadcasters and independent producers have been invaluable and their on-going support will be vital.

As Chairman of MG ALBA, I am well supported and advised by eleven fellow board members. Their wise counsel and expertise is greatly appreciated, and will be invaluable as we focus on improving and developing what is currently offered by BBC ALBA.

Our main duty of care is to satisfy viewers and listeners. That priority will never be relegated or diminish. We have still much to do to entrench the service and enhance the provision. That will be our focus for the next twelve months.

LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR CHIEF EXECUTIVE'S REVIEW



Donald Campbell

Dòmhnall Caimbeul | Àrd-Oifigear
Donald Campbell | Chief Executive

6

Mu choinneimh àrainneachd chaochlaideach agus fèin-sgrùdaidh sa ghnìomhachas 's e bliadhna dhùbhlach ach coileanta a bh' ann an 2008/9.

- Leis a' BhBC chuir sinn an sianal air an robh sinn a' miannachadh fad ùine mhòir am bog agus bha sinn air ar bèo-ghlacadh nuair a choisinn e buaidh seachad air na bhathas an dùil.
- Dh'atharraich sinn ar comharra gu soirbheachail gu MG (Meadhanan Gàidhlig) ALBA airson sinn fhìn a chur an teis mheadhan an t-sianail le ainm is comharra a bha den là an-diugh agus furasta ri chleachdadh
- Chuir sinn air bhog farpais ùr mhisneachail FilmG a bha cho taitneach 's gum b' fheudar dhuinn tachartas mòr nan duaisean a chur air dòigh
- Dh'ath-dhealbhaich sinn ar modhan-obrach solarachaidh airson a' bhuannachd as motha a chruthachadh a-mach à maoin nach eil mòr gus an taic as fhèarr a chur ri clàr an t-sianail
- Chruthaich sinn co-obrachadh treun le buidhnean nàiseanta leithid Lìog Ball-coise na h-Alba, Prìomh Lìog na h-Alba agus Duaisean "Na Trads".

The year 2008/9 was a year of challenge and achievement set against a background of change and deliberation across the industry.

- We launched, with the BBC, the long hoped-for Gaelic television channel BBC ALBA and have been extremely satisfied with its impact.
- We successfully rebranded to MG ALBA (Gaelic Media ALBA) to position ourselves at the heart of the channel with a modern and easy-to-use name and logo.
- We launched a bold new digital talent competition FilmG that was so popular that it demanded a glittering awards ceremony.
- We re-modeled our programme supply framework so as to create the efficiencies needed to support a TV schedule from a small content budget.
- We created strong new partnerships with national institutions such as the Scottish Football League, the Scottish Premier League and the Traditional Music Awards.



- Ghabh sinn pàirt iomlan sna deasbadan mòra a chùim Ofcom, DCMS is BERR, Coimisean Craolaidh na h-Alba is eile, a' glèidheadh lèirsinn fhad-ùine a dh'aindeoin gach uallach làitheil a bha an lùib a bhith a' cur sianal air bhog.

Ge-tà thàinig sinn gu crìch bliadhna san fhios gu bheil na tha romhainn nas duilghe buileach.

'S e ar rùn airson an fhad-ùine: buaidh nam meadhanan Gàidhlig a chumail suas an Alba; air tairgse don neach-amhairc agus an neach-cleachdaidh a shìor leasachadh agus a leudachadh; ìre de choileantachd a lìbhrigeadh gach bliadhna a tha an coimeas ris na buidhnean is soirbheachaile an àite sam bith.

'S ann mu dheidhinn co-obrachadh agus daoine a bha 2008/9. Chaidh cuid a dhaoine agus sgiobaidhean fada seachad air an dleastanas airson dèanamh cinnteach gun deach BBC ALBA fhoillseachadh.

Gu sònraichte ghreimich an luchd-obrach air an cothrom a bhith ag obair aig teis mheadhan an t-sianail. Dh'obraich iad mar aon le sgioba BBC Scotland – a tha sinn gu mòr an comain – agus dhearbhadh iad gun cruthaich co-bhanntachdan luach mòr nuair a tha an aon cheann iùil aig gach neach agus earbsa air gabhail thairis. Dh'fhàs àireamh an luchd-obrach gu 24 tron bhliadhna, agus tha iad gu lèir ag amas air an leasachadh phroifeasanta a bhios a dhith ma tha an ìre de dh'amasas coileanta ri chumail suas.

Chaidh cuid de na pàipearan agus pròiseasan corporra ùrachadh am bliadhna: Còd Giùlain nam Ball, Riaghailtean Ionmhais, Gnàth-Riaghailtean, agus Poileasaidh Solarachaidh agus Sgeama Tairgse.

Tha am bòrd ùr air a bhith an dà chuid dìcheallach ann a bhith a' coileanadh an dleastanais airson sgrùdadh agus ann a bhith a' cur taic chridheil ris an obair aig an luchd-obrach. Mar thoradh air an sin tha inbhe nam pàipearan bùird agus pròiseasan a' bhùird a' sìor dhol an àrd.

Bha bliadhna ionmhais làidir aig MG ALBA ann an 2008/9, air a thogail air a bhith a' gabhail thugainn fhìn nam modhan obrach as fhèarr a tha ann agus a bhith a' cleachdadh slatan tomhais stèidhichte air luach airgid.

Chleachd sinn an stòras phrògraman a chruinnich sinn mus do thòisich an sianal gu èifeachdach sna ciad 6 mìosan de BBC ALBA. Chaidh prògraman luach £14.6m a chraoladh an coimeas ri cosgais airgid £10m. Air sgath sin thuit an stòras phrògraman againn bho £10.6m gu £6m, pàtran a leanas airson dà bhliadhna gus an seitlig an àireamh mheadhanach aig £3m (faisg air 3 mìosan de phrògraman). Nì an ìre-sa cinnteach gum fuirich na prògraman ùr-ghnèitheach agus ceadaichidh e sùbailteachd dhan chlàr.

- We participated fully in the industry debates held by Ofcom, DCMS and BERR, the Scottish Broadcasting Commission and others, keeping the long term view in sight despite the press of daily events and channel launch.

Nevertheless we end the year with the knowledge that the task before us is harder than ever.

Our challenge now is for the long term: to sustain the impact of Gaelic language media in Scotland; to improve and extend the offering to the viewer and user of media; as an organisation to deliver world-class performance year on year.

2008/9 was all about partnerships and people. Key individuals and teams worked often beyond the call of duty to ensure that BBC ALBA was launched.

In particular our staff embraced enthusiastically the chance to work at the heart of the new television channel. They have worked as one team with BBC Scotland staff – to whom we extend our gratitude – proving that partnerships can create significant value when goals are shared and trust prevails. The staff complement grew to 24 in the course of the year, and all are committed to the ongoing professional development that will be required if performance is to be sustained.

The year also saw the overhaul of core corporate documents and processes: the Members' Code of Conduct, the Financial Regulations, the Standing Orders and the Procurement Policy and Scheme of Tendering were all renewed.

Our new board has been both diligent in exercising its function of scrutiny and enthusiastic in its support of the work of staff. As a consequence of the work undertaken the quality of board papers and board processes continues to improve.

MG ALBA had a strong financial performance in 2008/9, backed up by ongoing adoption of best practice behaviours and value-for-money decision criteria.

Programme stock built up in the pre-launch period was used to best effect in the first 6 months of BBC ALBA. Programmes worth £14.6m were broadcast in the year compared with actual programme expenditure of £10m. This caused our programme stock to drop from £10.6m to £6m, a pattern which will be continued over the next 2 years as we drop stock down to our desired average carrying value of £3m (or 3 months). This level will ensure programmes remain fresh and give maximum flexibility to the schedule.



LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR ++ CHIEF EXECUTIVE'S REVIEW ++

8

Tha cunntasan MG ALBA a' sealtainn gheallaidhean seachad air £15m thairis air grunn bhliadhnaichean. Le bhith a' co-obrachadh le prìomh sholaraichean tha sinn air a bhith comasach air planadh seachad air a bhliadhn' ionmhais a tha romhainn, rud a cheadaicheas dha na solaireachan cothrom planadh, trèanadh, leasachadh agus tasgadh a chur am bog airson na tha romhpa.

Chosg sinn deagh chuid a bharrachd sa bhliadhna air trèanadh sa ghnìomhachas le a bhith a' cur air bhog sgeama 2-bhliadhna airson leasachadh leantainneach proifeasanta agus le a bhith ag adhbharachadh trèanadh airson FilmG. Chosg sinn barrachd cuideachd air a bhith a' sanasacadh phrògraman airson luchd-amhairc a thàladh gu BBC ALBA.

Tha call sa bhliadhna ag èirigh air sgàth chosgaisean ìleachaidh ghàin airson maoin stèidhichte, agus air sgàth ghluasadan maoin chalpa. Ge-tà 's e am prìomh chomharra ionmhais gun do làimhsich MG ALBA Maoin Craolaidh na Gàidhlig ann an 2008/9 taobh a-staigh buidseat agus le airgid de £209k air fhàgail aig deireadh na bliadhna, a dh'aindeoin gach uallach neo-àbhaisteach eile.

San aithghearrachd, 's e dìleasanas MG ALBA a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-coimhid Alba a' faighinn raon farsaing de dheagh phrògraman Gàidhlig. Tha sinn air an t-slighe fhathast. 'S e prìomh shlat-tomhais MG ALBA an ìre san do shoirbhich BBC ALBA. Tha seo a' crochadh air prògraman agus clàr nam prògraman, soirbheachas iomairtean margaideachd ann a bhith a' trusadh luchd-amhairc airson ar cuid phrògraman agus, aig a' cheann thall, a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an sianal air a ghiùlan air a h-uile meadhan sgaoilidh. Ged is e fìor dheagh thoiseach tòisichidh a bha ann an 2008/9 tha an t-uamhas ri choileanadh sna 12 mìosan a tha romhainn.

The Accounts show commitments of over £15m over the next number of years. By partnering with key suppliers we have been able to plan beyond the next financial year, something that allows suppliers to plan, train, develop and invest for the future.

In the year we increased substantially our investment in industry training by launching a 2-year Continuing Professional Development scheme for industry professionals and enabling training for FilmG participants. We also increased our expenditure on programme promotion in order to drive audiences to BBC ALBA.

The deficit for the year is made up primarily of the net depreciation charge in respect of fixed assets, the remainder being working capital movements. The key financial indicator however is that, notwithstanding the extraordinary pressures of the year, MG ALBA in 2008/9 managed the Gaelic Broadcasting Fund within budget and with cash carried forward of £209k at year end.

In summary, the remit of MG ALBA is to ensure that audiences in Scotland are provided with a wide range of high quality Gaelic programmes. We are getting there. Our key performance indicator for MG ALBA is the success of BBC ALBA. This in turn depends on the programmes and their scheduling, the success of marketing initiatives in driving audiences to our content, and securing carriage on all distribution platforms. While the year 2008/9 represents a promising start we have much to achieve in the next 12 months.



TOROIDHEAN IS AMASAN 2008|09

OUTPUTS AND OBJECTIVES 2008|09

A' CUR AIR BHOG AGUS A' SGAOILEADH SIANAL TELEBHISEAN GÀIDHLIG | LAUNCH AND DISTRIBUTION OF GAELIC TV CHANNEL

Cur-air-bhog soirbheachail air ùrlaran didseatach airson BBC ALBA, 19 Sultain 2008	Successful launch on digital satellite platforms of BBC ALBA on 19 September 2008
Sgaoileadh air càball agus telebhisean talmhainn didseatach (Freeview) fhathast rin gleidheadh	Digital cable and digital terrestrial (Freeview) carriage still to be secured

ROI-INNLEACHD PHRÒGRAMAN | CONTENT STRATEGY

Toraidhean rannsachaidh luchd-amhairc a' dearbhadh roi-innleachd phrògraman	Audience data verifying content strategy
Buannachdan mòra ag èirigh à modhan-obrach ùra	New methodologies producing significant benefits

LUCHD-AMHAIRC | AUDIENCES

Slatan-tomhais èifeachdach air an steidheachadh	Effective audience measurement tools in place
Thairis air targaid airson 59% den luchd-amhairc Ghàidhlig a chumail	Exceeded target of retaining 59% of core audience
Targaid air a coilionadh 5% den luchd-amhairc ann an Alba a thàladh aon uair san t-seachdain	Met target of reaching 5% of Scottish audience once a week

9

TRÈANADH IS LEASACHADH | TRAINING AND DEVELOPMENT

Farpais FilmG air leth soirbheachail, le còrr air 50 tagradh	FilmG competition highly successful, attracting over 50 entries
Sgeama airson trèanadh leantainneach proifeiseanta stèidhichte, ach obair fhathast ri dhèanamh air roi-innleachd airson na fad-ùine	CPD scheme in place, but strategy for the long term still in development

GOIREASAN | FACILITIES

Goireasan MG ALBA gan cleachdadh làn ùine airson riochdachadh agus stiùireadh an t-sianail	Full utilisation of MG ALBA facilities for channel management and production
Cha robh goireasan Fàs ag obrachadh cho tràth 's a bhathas an dùil	Fàs facilities not operational as early as intended



BBC ALBA | LÈIRSINN AIRSON SIANAL ÙR
BBC ALBA | THE VISION FOR A NEW CHANNEL

10





Sianal ùr airson na h-Alba, sealladh ùr air a' Ghàidhlig. Airson a' chiad uair, bha cothrom aig Sgioba ALBA – luchd-stiùiridh an t-sianail, ga stiùireadh le Ceannard Seirbheis Mairead Màiri Mhoireach agus Ceannard Phrògraman Alan Esslemont – tòiseachadh le duilleag bhàn gus seirbheis chraolaidh Ghàidhlig a chruthachadh airson na 21mh linn.

Tha an roi-innleachd coimiseanaidh airson BBC ALBA stèidhichte air iarrtasan dà earrann den luchd-amhairc – a' choimhearsnachd Ghàidhlig agus daoine eile aig nach eil Gàidhlig ach a tha ag iarraidh deagh phrògraman Albannach nach eil rim faighinn air sianalan eile. Tha clàr-phrògraman BBC ALBA, a' craoladh mu 50 uair gach seachdain, air a dhealbhadh airson an dà earrann seo a riarachadh, le naidheachdan agus prògraman Gaidhealach airson nan Gaidheal agus le spòrs, ceòl agus prògraman aithris, air cuspairean Albannach agus eadar-nàiseanta, a tha a' còrdadh ri luchd-amhairc nas farsainge.

Le targaid 250,000 neach-amhairc gach seachdain, b' e an dùbhlán a bh' ann airson BBC ALBA roghainn farsaing de phrògraman a libhrigeadh, stuth air leth a chraoladh nach robh air sianalan eile, agus a bhith na phrìomh roghainn airson luchd-amhairc sa phrìomh àm. Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil roi-innleachd nam prògraman air a bhith soirbheachail thuige seo.

Tha BBC ALBA cuideachd na àite taisbeanaidh phrògraman Albannach, le barrachd air 95% de na prògraman gan riochdachadh le companaidhean stèidhichte ann an Alba. Tha na companaidhean neo-eisimeileach a bhios a' dèanamh a' chuid as motha de na prògraman air gabhail ris an dùbhlán gus prògraman ùra a chruthachadh airson an t-sianail – an t-seachd uidhir de uairean craolaidh seach mar a bha ann mus do thòisich an sianal, le dìreach seachd uairean gach seachdain air analog.

Is e BBC ALBA an t-aon sianal coitcheann a tha ga ruith agus ga chraoladh à Alba, a' cur craoladh Gàidhlig aig cridhe sheirbheisean craolaidh poblach san linn didseataich. Tha BBC ALBA ri fhaighinn air Freesat 110 agus Sky 168. Tha còmhraidhean a' leantainn le Virgin mu àite air a shon air càball, agus theid co-dhùnadh am faigh e àite air Freeview aon uair 's gu bheil Urras a' BhBC air lèirmheas a dhèanamh air an t-seirbheis ro dheireadh 2009. Tha e mar rùn aig MG ALBA agus aig a' BhBC gum bi àite air a ghleidheadh airson BBC ALBA air a h-uile ùrlar didseatach a th' ann agus a bhios ann.

A new channel for Scotland, a new prospect for Gaelic. For the first time ever, Sgioba ALBA – channel executives led by Head of Service Margaret Mary Murray and Head of Content Alan Esslemont – had the chance to design from first principles a Gaelic broadcasting service for the 21st century.

The commissioning strategy for BBC ALBA is based on the demands of two groups – the Gaelic community and a wider audience who want to watch high-quality Scottish programmes that are not available on other channels. The BBC ALBA schedule, broadcasting for around 50 hours a week, is designed to satisfy both groups, with news and Highland-interest programmes appealing to Gaelic speakers, and music, sport and documentaries on Scottish and international issues appealing to Scottish audiences in general.

With a weekly reach target of 250,000, BBC ALBA needed to offer a wide range of programmes, provide unique content and become a destination of choice for primetime audiences. Research suggests that the strategy employed since channel launch is proving successful.

BBC ALBA is also a showcase for Scottish-produced content, with more than 95% of original content made by Scottish-based companies. The independent production companies who make the majority of the channel's content have risen to the challenge of creating new programmes and series to meet the demand for Gaelic programmes – a seven-fold increase since the pre-launch Gaelic offering on analogue of around seven hours a week.

BBC ALBA is the only general entertainment channel to be wholly managed and broadcast from Scotland, putting Gaelic broadcasting at the heart of public service broadcasting in the digital era. BBC ALBA is currently available on Freesat 110 and Sky 168. Its carriage on Virgin cable is being negotiated, and its availability on Freeview will be decided when the BBC Trust has completed its review of the service by the end of 2009. MG ALBA and the BBC are committed to securing carriage for BBC ALBA on all existing and emerging digital platforms.





OIDHCHE FHOSGLAIDH BBC ALBA
BBC ALBA CHANNEL LAUNCH

12



Thòisich craoladh an t-sianail ùir
BBC ALBA Dihaoine 19mh Sultain
2008, oidhche eachdraidheil
airson craoladh ann an Alba.

BBC ALBA began broadcasting
on Friday 19th September 2008,
an historic occasion for Scottish
broadcasting.



Thòisich craoladh an t-sianail ùir BBC ALBA Dihaoine 19mh Sultain 2008, oidhche eachdraidheil airson craoladh ann an Alba agus clach-mìle do dhaoine a bha air a bhith a' strì airson seirbheis dhidseatach Ghàidhlig fad bhliadhnaichean.

Chaidh oidhche fosglaidh BBC ALBA a chumail ann an Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ann an Dùn Èideann, far an robh e na urram do MG ALBA agus don BhBC fàilte a chur air craoladairean bho shianalan chànanan dùthchasach air feadh an t-saoghail, ministearan na Rìoghachd Aonaichte agus ministearan na h-Alba, agus càirdean bhon choimhearsnachd Ghàidhlig.

Thòisich an clàr phrògraman leis an òran "Alba", a chaidh ath-sgrìobhadh le Runrig a dh'aona-ghnothach airson an t-sianail, agus le cuirm-ciùil a chaidh a chraoladh beò à Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach. Cuideachd gan craoladh air a' chiad oidhche bha drama ùr, *Eilbheas*, leis a' BhBC agus prògram aithris, *Peter Manuel, Deireadh an uilc?*, le STV productions.

BBC ALBA began broadcasting on Friday 19th September 2008, an historic occasion for Scottish broadcasting and a milestone for everyone who had campaigned for a Gaelic digital service over the years.

The launch night celebrations were held in the National Museum of Scotland, Edinburgh, where MG ALBA and the BBC were privileged to welcome fellow indigenous language broadcasters from around the world, UK and Scottish Government ministers, and friends from the Gaelic community.

Transmission began with the Runrig song "Alba", specially rewritten for the channel, and with a concert broadcast live from Sabhal Mòr Ostaig in Skye. Also broadcast that evening were a new drama, *Elvis*, produced by the BBC, and the documentary, *Peter Manuel, the End of Evil?* by STV productions.

It was Fiona MacKenzie, BBC ALBA's continuity presenter, who uttered the first words spoken on BBC ALBA.



B' e Fiona NicChoinnich, preasantair BBC ALBA, a chuir fàilte air luchd-amhairc chun a' chiad phrògram air an t-sianail ùr.

B' e Fiona NicChoinnich, preasantair BBC ALBA, a chuir fàilte air luchd-amhairc chun a' chiad phrògram air an t-sianail ùr. Tha Fiona na h-eisimpleir de na daoine òga tàlantach a tha ag obair sa ghniomhachas craolaidh Ghàidhlig an-diugh, aig MG ALBA, aig a' BhBC agus sna companaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach.

It was Fiona MacKenzie, BBC ALBA's continuity presenter, who uttered the first words spoken on BBC ALBA. Fiona is representative of the new generation of young, talented professionals working in Gaelic broadcasting today, for MG ALBA, for the BBC and for the independent production companies.





PRÒGRAMAN AIRSON A H-UILE DUINE MEETING AUDIENCE DEMAND

Tha lèirsinn an t-sianail airson an luchd-amhairc agus roi-innleachdan airson coimiseanadh agus airson a' chlàr-phrògraman stèidhichte air dà amas farsaing:

- Lìbhrigeadh prògraman a tha sònraichte agus aig àrd ìre
- Prògraman aig àm goireasach, a' gabhail a-steach ath-chraoladh agus prògraman air-loidhne

Tha BBC ALBA a' frithealadh air:

- Luchd na Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig
- Daoine aig nach eil Gàidhlig ann am mòr-shluagh na h-Alba

The BBC ALBA audience vision and commissioning & scheduling strategy are based on two broad pillars:

- The delivery of high-quality distinctive programming
- Convenience of viewing, including repeat patterns and a non-linear offering

BBC ALBA seeks to serve:

- Existing Gaelic speakers and learners
- Non-Gaelic speakers within the wider Scottish population

14

Is e amas an t-sianail seirbheis a libhrigeadh aig a bheil creideas le luchd na Gàidhlig, a tha a' buntainn riutha agus tha a' toirt feart air beartas a' chàin agus air saidhbheas cultar nan Gaidheal, le prògraman a tha a' tabhann roghainn do luchd-amhairc air feadh na h-Alba. Tha an sianal air an adhair bho 5f gu 11.30f gach latha tron t-seachdain, agus nas fhaide aig deireadh na seachdain, a' tabhainn clàr-phrògraman a chòrdas ris a h-uile roinn den luchd-amhairc.

DAOINE ÒGA: 5F GU 7F

Tha craoladh a' tòiseachadh aig 5f gach latha tron t-seachdain le prògraman cloinne leithid *Fiona is na Fuinn* agus *Bruno* airson na cloinne as òige, agus dealbhan beò mar *Màrtainn MacDìomhair* agus cur-seachadan *Dè a-Nis?* a chòrdas ri clann sa bhun-sgoil is ri deugairean.

LUCHD-IONNSACHAIDH: 7F GU 8F

Eadar 7f agus 8f tha *Speaking our Language* a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a thogail, agus gheibh daoine cothrom sùil a thoirt air na prògraman as fheàrr às an tasglann, mar eisimpleir *Machair*.

It aims to provide a credible, relevant service for Gaelic speakers, offering cultural distinctiveness whilst providing content which offers alternative viewing to other audiences and communities of interest across Scotland. The channel is on air from 5pm to 11.30pm on weekdays, and longer at weekends, offering a schedule designed to appeal to all audience sectors.

YOUNG PEOPLE: 5PM TO 7PM

Broadcasting begins at 5pm every weekday with programmes for very young children, such as *Fiona is na Fuinn* and *Bruno*, and cartoons such as *Màrtainn MacDìomhair* and the entertainment show *Dè a-Nis?* for primary school children and teenagers.

LEARNERS' ZONE: 7PM TO 8PM

From 7pm to 8pm *Speaking our Language* gives learners a chance to brush up on their Gaelic, and viewers can take a trip down memory lane with selections from the Gaelic archive, such as the classic soap opera *Machair*.





PRÌOMH ÀM: 8F GU 9F

Tha na naidheachdan aig cridhe a' chlàr-phrògraman, agus tha *An Là* a' toirt dhuinn naidheachdan nàiseanta agus eadar-nàiseanta a bharrachd air naidheachdan Albannach agus Gàidhealach. As dèidh seo bidh prògram a tha a' cuimseachadh air na Gàidheil gu sònraichte.

AITHRIS AIR ALBA: 9F GU 10F

Bho 9f gu 10f gach oidhche tron t-seachdain, agus ann am farpais ris na prògraman as fheàrr air sianalan eile, bidh prògram aithris no prògram Albannach ri fhaicinn fad uair an uaireadair. Tha an dà shreath de phrògraman aithris, *Trusadh* agus *Soillse* mar bhunait air a' chlàr-phrògraman sa phàirt seo den phrìomh àm, agus tha sreathan eile mar *Sear gu Siar* agus *Sinne is Alba*, agus prògraman fa-leth mar *A' Dol Dhachaigh* cuideachd rim faicinn aig an àm seo.

CEÒL IS CUR-SEACHAD: 10F GU ANMOCH

As dèidh 10f tha BBC ALBA ag amas air sluagh nas òige le measgachadh de cheòl traidiseanta, còcaireachd, càraichean agus gu leòr eile. Tha *Air an Rathad* air soirbheachadh gu mòr aig an àm seo, mar a tha an farpais *Còcaire nan Còcairean*. Agus anmoch air an oidhche gheibh daoine cothrom cuid a phrògraman fhaicinn a-rithist.

DEIREADH NA SEACHDAIN: SPÒRS!

Tha ball-coise aig cridhe a' chlàr-phrògraman Disathairne agus Didòmhnaich, le geama Prìomh Lìg na h-Alba ga chraoladh gach deireadh seachdain "mar bheò". Bha ball-coise beò a' tàladh nan àireamhan as motha de luchd-amhairc, gu h-àraid na cuairtean deireannach agus

PRIMETIME: 8PM TO 9PM

The news is at the heart of any schedule, and *An Là* brings viewers a mix of national and international stories as well as Scottish and Highland news. Also in this hour there are programmes aimed particularly at fluent Gaelic speakers.

DOCUMENTARIES IN PRIMETIME: 9PM TO 10PM

Between 9pm and 10pm each weeknight, when competition for viewers is fiercest and all channels schedule their best programmes, BBC ALBA viewers can see an hour-long documentary or Scottish-interest programme. The two documentary strands *Trusadh* and *Soillse* are the cornerstones of this primetime slot, and other series such as *Sear gu Siar* and *Sinne is Alba*, and one-off documentaries such as *A' Dol Dhachaigh* are also featured.

MUSIC AND ENTERTAINMENT: 10PM TILL LATE

After 10pm the audience focus shifts to a younger demographic, with traditional music, cookery and other light entertainment programmes. The motoring show *Air an Rathad* has proved popular with this audience, as has cookery competition *Còcaire nan Còcairean*. And later in the evening viewers get the chance to catch up on some of the programmes they may have missed.

WEEKEND SPORT

Football is central to the Saturday and Sunday schedules, with a Scottish Premier League game broadcast "as live" each weekend. Live football drew the biggest audiences, particularly the finals and semi-finals of the ALBA Challenge





Bonn gu cli | Bottom left: **Aifric**

Deas gu h-àrd | Top right: **Muinntir Dè a-Nis? aig Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu**

Bonn gu deas | Bottom right: **Peter Manuel, Deireadh an Uilc?**

iar-dheireannach Cupan Dùbhlain na h-ALBA. Tha ball-coise nam ban, rugbaidh agus ralaidean chàraichean cuideachd air a bhith sa mheasgachadh spòrs.

PRÒGRAMAN SÒNRAICHTE

Chuir MG ALBA taic ri Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba, agus bha *Na Trads* am measg nam prògraman a b' fheàrr leis an luchd-amhairc. Bha prògraman beò *Mòd 2008* a' tighinn bhon Eaglais Bhric agus *Oidhche na Bliadhn' Ùir*, a chaidh a chraoladh beò à Steòrnabhagh air Oidhche Challainn, cuideachd a' còrdadh ri mòran, agus tha e follaiseach gu bheil ùidh mhòr aig daoine ann an tachartasan beò de leithid seo.

DUAISEAN

Chaidh na prògraman seo ainmeachadh airson dhuaisean aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach ann an Caernarfon sa Mhàrt 2009:

- Ann am Bàta nam Aonar
- Air an Rathad
- Dè a-nis?
- Comharraichean iomhaigh BBC ALBA
- An Là
- A' Chuirm
- An Dà Shealladh; Second sight

Bhuannaich *Dè a-nis?* an duais mar phrògram-cloinne as fheàrr.





Cli gu h-àrd | Top left: **Na naidheachdan, An Là**

Bonn gu cli | Bottom left: **Spòrs: ball-coise**

Bonn gu deas | Bottom right: **Duaisean “Na Trads”**

Cup. Women's football, rugby and rally driving have also featured in the sports line-up.

PROGRAMME HIGHLIGHTS

MG ALBA has sponsored the Scots Traditional Music Awards, and *Na Trads* proved one of the most popular music programmes with audiences. Programmes showcasing *Mòd* 2008, broadcast live from Falkirk, and the Hogmanay show *Oidhche na Bliadhn' Ùir*, live from Stornoway, also found a ready audience, and there is clear evidence that live events such as these are among the most popular programmes.

AWARDS

The following programmes were nominated for awards at the Celtic Media Festival in Caernarfon in March 2009:

- Ann am Bàta nam Aonar
- Air an Rathad
- Dè a-nis?
- BBC ALBA idents
- An Là
- A' Chuirm
- An Dà Shealladh; Second sight


Dè a-nis? won the award for best children's programme.





RANNSACHADH – LUCHD-AMHAIRC LE GÀIDHLIG RESEARCH – GAELIC-SPEAKING AUDIENCES

RUIGSE: BBC ALBA, BBC2 GÀIDHLIG AGUS BBC RADIO NAN GÀIDHEAL
REACH: BBC ALBA, BBC2 GAELIC & BBC RADIO NAN GAIDHEAL



18

Tha a' buaidh aig BBC ALBA air luchd-amhairc le Gàidhlig air a bhith math, 's àireamhan dhaoine aig a bheil Gàidhlig a' sìor dhol am meud gach seachdain. Sa chiad leth de 2008, mus do thòisich BBC ALBA, bha na prògraman telebhisein air a' BhBC agus STV a' ruigsinn 66% de luchd-amhairc le Gàidhlig. A-nis, le BBC ALBA ga chraoladh, tha ruigse telebhisein Ghàidhlig air èirigh gu 72% (àireamh chuibheasach eadar seachdain 38, 2008 agus seachdain 13, 2009).


Tha roghainn farsaing de phrògraman, ùr agus ath-chraolte, ri fhaighinn gach latha agus aig amannan freagarrach. Tha BBC ALBA a' craoladh mu cheithir uairean de phrògraman telebhisein Ghàidhlig (a' leantainn air 2 uair de phrògraman chloinne) eadar 7f agus 11f agus nas anmoiche, leis na naidheachdan aig 8f aig cridhe a' chlàr-phrògraman, a bharrachd air craoladh farsaing thairis air an deireadh sheachdain. Mus robh BBC ALBA ann, cha robh ach uair

The impact of BBC ALBA on the TV-viewing Gaelic community has been positive, with the proportion of Gaelic-speakers accessing Gaelic television on a weekly basis increasing significantly. In the first half of 2008, prior to the launch of BBC ALBA, Gaelic TV output on BBC and STV attained reach values averaging at 66% within the Gaelic community. Now, with the presence of BBC ALBA, weekly reach for Gaelic TV has increased to 72% (the average figure from week 38, 2008 to week 13, 2009).

A wide range of programmes, both new and reruns, is available daily at accessible times. BBC ALBA schedules about four hours of Gaelic-language television (following 2 hours of children's programming) from 7pm to 11pm and later, centred round news at 8pm every weekday, as well as extensive weekend broadcasts. Previously, in comparison, Gaelic programming on analogue TV aimed at viewers aged



ÀIREAMH CHUIBHEASACH AMHAIRC A RÈIR AMANNAN: BBC ALBA AVERAGE VIEWING FIGURE FOR TIMESLOTS: BBC ALBA



19

no dhà san t-seachdain de phrògraman Gàidhlig airson inbheach air telebhisean analog air BBC2 agus STV.

Tha BBC ALBA a' tabhann phrògraman aithris, cur-seachad, ceòl agus dràma Gàidhlig, agus spòrs. Ach tha naidheachdan agus gnothaichean làitheil a' tàladh na cuid as motha den luchd-amhairc le Gàidhlig agus a tha air am meas as àirde leis na Gaidheil. Tha àireamhan cuibheasach de 22% agus ìrean-measaidh aig 8.3 nas àirde na airson gnè prògram sam bith eile.

Is e an uair eadar 8f agus 9f, a' tòiseachadh leis a' phrògram naidheachd *An Là*, am prìomh àm airson luchd-amhairc BBC ALBA le Gàidhlig. Tha còrr air aon an às gach còignear a tha a' freagairt ceisteachan a' coimhead phrògraman eadar 8f agus 9f gu cunbhalach. Aig deireadh na seachdain tha am prìomh àm nas anmoiche, eadar 9f agus 10f.

Tha àireamhan cuibheasach gach seachdain ann an dachaighean far a bheil uidheamachd dhidseatach nas àirde na 70%, agus "meas" math aig 7.7 thairis air a' chiad sia mìosan den t-sianal, a' sealltainn gu bheil deagh bheachd aig an luchd-amhairc Ghàidhlig air BBC ALBA.

Figearan stèidhichte air Pròiseact Lèirsinn Pannal Luchd-coimhid Gàidhlig, aig diofar ìrean de fhileantachd, thairis air aois 16 air feadh na h-Alba. Aig an àm seo, tha TBh didseatach aig còrr air ceathrar às gach còignear (83%) den phannal, agus tha uidheamachd saideil aig an dà thrian dhiubh (67%).

over 16 was limited to one or two hours each week on both BBC2 and STV.

BBC ALBA offers factual programming, entertainment, music and drama in Gaelic, as well as sport. It is, however, the news and current affairs genre that attracts most viewers and receives the highest ratings among the Gaelic-speaking audience. Mean viewing figures of 22% and appreciation ratings averaging at 8.3 are higher than for any other programme genre.

Coinciding with the daily news programme *An Là*, the hour from 8pm has emerged as the peak week-day viewing time for the BBC ALBA Gaelic audience. Over one in every five survey returners regularly view programmes broadcast from 8pm to 9pm. Weekend viewing tends to be later with panel audiences peaking from 9pm to 10pm.

Average weekly reach figures of over 70% within digital satellite owning households and a favourable average "approval" rating of 7.7 from viewers over the first six months indicate an appreciative Gaelic-speaking audience of BBC ALBA.

Figures based on the Lèirsinn Audience Response Project Panel of Gaelic-speakers, with a range of fluency levels, aged over 16 across Scotland. Currently, over four in every five (83%) panel members have digital TV, with two thirds (67%) of them having digital satellite.



LEASACHADH TÀLANT | FILMG
DEVELOPING TALENT | FILMG

20



Chaidh còrr air 50 film goirid
a chur a-steach, faisg air an
treas chuid dhiubh le daoine fo
aois 18.

More than 50 short films were
entered, with nearly a third
submitted by people under the
age of 18.



Mar phàirt den iomairt airson tàlant cruthachail a lorg agus a leasachadh, chuir MG ALBA farpais air dòigh as t-samhradh 2008 airson fhilmichean goirid Gàidhlig air-loidhne.

Chaidh FilmG a' ruith às leth MG ALBA le Cànan, companaidh nam meadhanan san Eilean Sgitheanach. An lùib a' phròiseict bha bùithtean-obrach airson clann-sgoile agus inbheach, agus bha na filmichean uile rim faicinn air-loidhne aig www.filmg.co.uk agus b' urrainn don mhòr-shluagh bhòtadh airson nam filmichean a b' fheàrr leotha.

Chaidh còrr air 50 film goirid a chur a-steach, faisg air an treas chuid dhiubh le daoine fo aois 18, agus bha duaisean ann an diofar roinnean – dhaoine òga, inntrigich ùra dhan ghnìomhachas agus proifeiseantaich – airson na sgilean uile a tha a dhìth ann a bhith a' dèanamh film. Fhuair riochdairean nam filmichean as fheàrr sna roinnean airson phroifeiseantach agus airson inntrigeach ùra cothrom beachd-smuain a leasachadh gu ìre chraolaidh mar phrògram deuchainn.

Bha sinn taingeil gun robh na h-actairean ainmeil Greg Hemphill agus Tony Kearney, an stiùiriche Donn Coutts agus sgrìobhadairean agus riochdairean eile deònach taic a thoirt do FilmG.

Thàinig am pròiseact gu crìoch le tachartas dhuaisean aig Eden Court, Inbhir Nis, air 6 Gearran 2009. Le cho soirbheachail 's a bha a' chiad fharpais, chaidh aontachadh gun tèid a chumail a-rithist ann an 2009/10.

As part of the initiative to discover and nurture creative talent, MG ALBA launched a new Gaelic online shorts competition in the summer of 2008.

FilmG was run on behalf of MG ALBA by Cànan, a media company based in the Isle of Skye. The project included workshops for both adults and school children and all videos were available to view online at www.filmg.co.uk, where the public could vote for their favourite films.

More than 50 short films were entered, with nearly a third submitted by people under the age of 18, and prizes were awarded in a number of categories – for young people, new entrants to the industry and professionals – for excellence in a range of skills needed for film-making. The producers of the winning films in the categories for new entrants and professionals won the opportunity to develop an idea to broadcast pilot standard.

We were delighted that well-known actors Greg Hemphill and Tony Kearney and the award-winning director Don Coutts, as well as many other writers and producers, gave their support so willingly to FilmG.

The project culminated in an awards ceremony at Eden Court, Inverness, on 6 February 2009. FilmG proved so successful that it has been decided to run the project again in 2009/10.





LEASACHADH TÀLANT | TRÈANADH
DEVELOPING TALENT | TRAINING

22



As dèidh greis gnìomhachais
le companaidhean
rìochdachaidh fad sia mìosan,
tha a h-uile oileanach
diploma air obair a lorg bho
cheumnaich iad ann an 2008.

Following six-month work
placements with production
companies, all diploma
students in the class of 2008
have found employment
in the industry.



Tha MG ALBA air grunn phròiseactan trèanaidh a steidheachadh agus a mhaoineachadh ann an 2008/09.

TRÈANADH SA CHOIMHEARSNACHD

Chuir MG ALBA trì pròiseactan air bhann airson daoine òga agus oileanach le Gàidhlig, agus airson dhaoine a tha fileanta sa Ghàidhlig nach robh an sàs ann a bhith a' dèanamh phrògraman roimhe:

- Òigridh nan Eilean, airson sgilean sgrìobhaidh a leasachadh agus dràma a dhèanamh air-loidhne
- Rèidio Òigridh, airson sgilean riochdachaidh rèidio a leasachadh agus prògraman a dhèanamh mu thachartasan ionadail airson rèidio coimhearsnachd
- Stòiridhean nan Gaidheal, airson daoine ann an sia diofar sgìrean a bhrosnachadh, le bùithtean-obrach agus luchd-taic, ann a bhith a' cruthachadh phrògraman aithris

Tha na pròiseactan seo gan ruith le Sealladh, companaidh riochdachaidh agus trèanaidh san Eilean Sgitheanach.

LEASACHADH PROIFEISEANTA LEANTAINNEACH

A' tòiseachadh ann an 2008/09, tha MG ALBA air £260k a chomharrachadh thairis air dà bhliadhna airson sgeama leasachadh proifeiseanta leantainneach, gus am faigh daoine a tha ag obair sa ghnìomhachas cothroman na sgilean proifeiseanta aca a thoirt am feabhas. Tha an sgeama a' toirt suas gu 50% den chosgais airson phlanaichean trèanaidh, mu choinneamh na h-aon suim airgid ga pàigheadh leis na daoine fhèin no à sporan eile.

M.A. SGRÌOBHADH FICSEAN AIRSON TELEBHISEAN

Tha MG ALBA air aontachadh gum maoinich e aon àite airson sgrìobhadair Gàidhlig air cùrsa ùr a bhios Sgoil Ghnìomhachais Chaledonian a' ruith ann an co-bhann le Shed Productions. Bidh a' chiad chlas a' tòiseachadh san t-Sultain 2009.

DIPLOMA ANNS NA MEADHANAN GÀIDHLIG

Chùm MG ALBA air a bhith a' toirt taic don Diploma anns na Meadhanan Gàidhlig, a tha a-nis stèidhichte ann an stiùideothan Fàs aig Sabhal Mòr Ostaig. Fhuair an ochdnar oileanach a bha air a' chùrsa ann an 2008 greis gnìomhachais le companaidhean riochdachaidh Gàidhlig fad sia mìosan, agus tha a h-uile duine aca air obair a lorg bho cheumnaich iad.



MG ALBA initiated and supported a number of industry training projects in 2008/09.

COMMUNITY TRAINING PROJECTS

MG ALBA established three projects for Gaelic-speaking young people and students and for people not previously involved in content production:

- Òigridh nan Eilean, to develop writing skills and produce an online drama
- Rèidio Òigridh, to develop radio production skills and team working and to cover local events for community radio
- Stòiridhean nan Gaidheal, to encourage people from six Gaelic-speaking communities to make documentaries, through masterclasses and with support from mentors.

Sealladh, a production and training company in the Isle of Skye, runs these projects.

CONTINUING PROFESSIONAL DEVELOPMENT

Starting in 2008/09, MG ALBA committed £260k over two years to a scheme of continuing professional development to enable those already in the industry to enhance their professional skills base. The scheme provides up to 50% of the cost of training plans to match participants' own investment or funding from other sources.

M.A. TELEVISION FICTION WRITING

MG ALBA has agreed to fund a place for a Gaelic writer on this new scriptwriting course run by Caledonian Business School in collaboration with Shed Productions. The first students will enrol in September 2009.

DIPLOMA IN GAELIC MEDIA

MG ALBA continued to support the Diploma in Gaelic Media, now based at the new Fàs facilities at Sabhal Mòr Ostaig. The course provided six-month work placements with Gaelic production companies for all eight students in the class of 2008, all of whom have since found employment in the industry.





AITHRIS RIAGHLAIDH GOVERNANCE STATEMENT

RAON-ÙGHDARRAIS MG ALBA

Chaidh MG ALBA a stèidheachadh (fo ainm Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) fo ullachadh Achd Chonaltraidh 2003, Earrannan 208-210, gus dèanamh cinnteach gum bi sreath fharsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig air an libhrigeadh tro chraoladh no eile gu sluagh na h-Alba.

Tha ùghdarras air a thoirt do MG ALBA airson prògraman a dhèanamh agus ceadan craolaidh a chumail a bharrachd air an fheadhainn sònraichte air an liostadh ann an Earrann 208 (4B) de Achd Chonaltraidh 2003. Tha i air cumhachdan agus dleastanasan maoineachaidh a ghabhail a-staigh a thaobh maoineachadh phrògraman Gàidhlig, trèanadh, rannsachadh agus obair cho-cheangailte fo Earrannan 183 agus 184 de Achd Craolaidh 1990, Earrannan 32 agus 95 de Achd Craolaidh 1996 agus Pàipearan-taic co-cheangailte riutha.

STRUCTAR A' BHÙIRD

Tha am Bòrd air a dhèanamh suas de Chathraiche agus suas ri 11 ball eile. Tha buill air an cur an dreuchd airson ùine-shuidheachaidh le Oifis a' Chonaltraidh (Ofcom) le aonta bho Rùnaire na Stàite. Tha an t-Àrd Oifigear air a chur an dreuchd leis a' Bhòrd.

Sa bhliadhna a dh'fhalbh, bha ceithir comataidhean aig MG ALBA.

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

Tha raon-ùghdarras Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' gabhail a-staigh:

- breithneachadh air in-smachd, poileasaidhean cunntasachd agus sgrùdadh bhon taobh a-muigh
- dearbhadh gu bheil poileasaidhean, dòighean-obrach agus siostaman freagarrach, a rèir riathanasan reachdail agus builichte gu h-ìomchaidh
- ath-sgrùdadh ullachaidhean peinnsein co-dhiù gach trì bliadhna

MG ALBA'S REMIT

MG ALBA was established (as Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig or Gaelic Media Service) under the provisions of the Communications Act 2003, Sections 208-210, to ensure that a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic is broadcast or otherwise transmitted so as to be available to persons in Scotland.

MG ALBA is empowered to make programmes and can hold broadcast licences other than those specifically listed in Section 208 (4B) of the Communications Act 2003. It has subsumed funding powers and responsibilities in relation to financing of Gaelic programmes, training, research and related activities under Sections 183 and 184 of the Broadcasting Act 1990, Sections 32 and 95 of the Broadcasting Act 1996 and related Schedules.

THE BOARD'S STRUCTURE

The Board comprises a Chairman and up to 11 other members. Members are appointed for fixed terms by the Office of Communications (Ofcom) with the approval of the Secretary of State. The Chief Executive is appointed by the Board.

In the course of the year, MG ALBA had four committees.

Audit & Assurance Committee

The remit of the Audit & Assurance Committee includes:

- reviewing internal controls, accounting policies and external audit
- ensuring that policies, procedures and systems are appropriate, compliant with legislative requirements and duly implemented
- reviewing the pension arrangements on at least a 3-yearly basis



- measadh air cunnartan agus èifeachdas MG ALBA fhèin
- barrantachadh ma chithear iomchaidh neach-comhairleachaidh ionmhais neo-eisimeileach airson in-sgrùdadh co-dhiù uair sa bhliadhna
- cunntas mu thoraidhean chun a' Bhùird

Comataidh Ro-innleachd & Poileasaidh

Tha raon-ùghdarrais Comataidh Ro-innleachd & Poileasaidh a' gabhail a-staigh:

- suidheachadh agus prìomhachadh ro-innleachdan a bheir cothrom do MG ALBA amasan gearr-ùine agus fad-ùine a choileanadh
- dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean freagarrach air an ullachadh agus gum bi siostaman air an stèidheachadh airson an cur an gnìomh
- dèanamh cinnteach gu bheil cuairt-phlanaidh freagarrach air a stèidheachadh gus an soirbhich iomairtean ro-innleachdail
- cumail sùil air èifeachdas mhodhan-obrach ro-innleachdail

Comataidh Inbhean

Chaidh Comataidh Inbhean a stèidheachadh ann an 2008/09, a' gabhail àite na Comataidh Tagraidh a bha ann ron an sin. Tha raon-ùghdarrais Comataidh Inbhean a' gabhail a-staigh:

- comhairleachadh a' Bhùird air mar a tha BBC ALBA a' coilladh amasan a' Bhùird a thaobh craoladh phrògraman agus thargaidean
- measadh às leth a' Bhùird agus comhairleachadh air adhartas a bheir cothrom do dhaoine ann an Alba prògraman Gàidhlig fhaighinn
- measadh às leth a' Bhùird agus comhairleachadh air buaidh cosg Maoin Craolaidh Gàidhlig le MG ALBA air cànan, cultar, coimhearsnachd agus eaconamaidh
- measadh às leth a' Bhùird agus comhairleachadh air aithne chorporra agus ìomhaigh phoblach MG ALBA
- molaidhean air gnèithean phrògraman agus poileasaidhean luchd-amhairc a tha rin cur an gnìomh ann a bhith a' cosg Maoin Craolaidh Gàidhlig

- assessing risks and MG ALBA's own effectiveness
- commissioning if appropriate an independent financial adviser to carry out internal audit at least once every year
- reporting findings to the Board

Strategy & Policy Committee

The remit of the Strategy & Policy Committee includes:

- determining and prioritising strategies that will enable MG ALBA to achieve its short and long-term aims
- ensuring that appropriate policies are prepared and that systems are in place for their implementation
- ensuring that an appropriate planning cycle is in place to facilitate strategic initiatives
- monitoring the effectiveness of strategic methodologies

Standards Committee

The Standards Committee was established in 2008/09, taking the place of the Submissions Committee which existed prior to that. The remit of the Standards Committee includes:

- advising the Board on whether BBC ALBA is meeting the Board's aims and objectives in relation to programme output and targets
- considering on behalf of the Board and advising on progress towards universal access to Gaelic audiovisual content in Scotland
- considering on behalf of the Board and advising on the linguistic, cultural and socio-economic impacts of MG ALBA's disbursement of the Gaelic Broadcasting Fund
- considering on behalf of the Board and advising on MG ALBA's brand presence and corporate identity
- making recommendations to the Board on genre and audience policies to be applied to disbursement of the Gaelic Broadcasting Fund



AITHRIS RIAGHLAIDH ++ GOVERNANCE STATEMENT ++

Comataidh Tuarastail

Tha raon-ùghdarrais Comataidh Tuarastail a' gabhail a-staigh:

- co-dhùnadh air tuarastal agus sochairean an Àrd Oifigeir agus an luchd-obrach gach bliadhna

AITHISGEAN AGUS STIÙIREADH

Cinn Roinnean

Bidh an t-Àrd Oifigeir, Ceannard Ghoireasan agus Ionmhais, Ceannard Phrògraman agus an t-Oifigeir Corporra a' coinneachadh co-dhiù gach mìos airson sùil a chumail air cur-an-gnìomh a' Phlana Ghnìomhachais bhliadhnail, a bhios air aontachadh le Ofcom ro thoiseach na bliadhna, agus airson dèiligeadh ri gnòthaichean ionmhais agus gnòthaichean eile a tha ag èirigh.

Tha cinn-buidseit air an sgrùdadh gach mìos a rèir shlatan-tomhais a' Phlana Ghnìomhachais. Tha aithisgean agus cunntasan gan deasachadh airson luchd-stiùiridh na buidhne, airson Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, airson a' Bhùird agus airson Ofcom.

Tha na Cinn Roinnean a' cumail Clàr Chunnartan, a thèid ùrachadh gach mìos agus a tha ri dheasbad gach ràith le Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh.

Aithisgean Ràitheil

Gach trì mìosan tha na Cinn Roinnean a' coimhead gu mionaideach air aithisgean ràitheil air gach roinn de dh'obair na buidhne. Thèid fiosrachadh bho na h-aithisgean seo air adhart gu coinneamhan Comataidh Inbhean agus Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, agus as dèidh sin gu coinneamhan ràitheil a' Bhùird. Gheibh an luchd-stiùiridh, am Bòrd agus Ofcom pasgan de aithisgean ràitheil sam faigh iad fiosrachadh a tha a' leigeil leotha sùil a chumail air obair agus ìre coileantachd MG ALBA ann an dòigh chunbhalach.

Remuneration Committee

The remit of the Remuneration Committee includes:

- deciding upon the remuneration and benefits of the Chief Executive and staff annually

MANAGEMENT REPORTING

Senior Management Team

The Chief Executive, Head of Operations and Finance, Head of Content and Corporate Affairs Officer meet at least monthly to oversee the implementation of the annual Operational Plan, approved by Ofcom before the start of the year, to deal with financial affairs and to address pressing business.

Budget heads are monitored monthly by reference to the parameters set out in the Operational Plan. Reports and accounts prepared for management, for the Audit & Assurance Committee, for the Board and for Ofcom.

The Senior Management Team also maintains a Risk Register, which is updated monthly and discussed quarterly with the Audit & Assurance Committee.

Quarterly Reporting Cycle

Every three months the Senior Management Team considers in detail quarterly reports on all aspects of MG ALBA's activities. Information from these reports is presented to the Standards Committee and to the Audit & Assurance Committee, and thereafter to the Board. Quarterly reporting packs allow senior management, the Board and Ofcom to monitor the performance of MG ALBA's activities in a regular and consistent manner.



Fòram a' Bhùird

Bidh na Cinn Roinnean, Cathraiche a' Bhùird agus Cathraichean nan comataidhean a' cumail coinneamh neo-fhoirmeil no co-labhairt fòn cho tric 's a tha feum air, airson gnothaichean a làimhseachadh mar a dh'èireas iad agus fios a chumail ri chèile.

Sgrùdadh

Tha an Cathraiche a' coinneachadh gu cunbhalach ris an Àrd Oifigear a tha an sàs bho là gu là anns gach roinn de obair MG ALBA.

Bidh luchd-sgrùdaidh on taobh a-muigh a' bruidhinn ris a' Bhòrd mu laigsean sam bith a thig am bàrr san sgrùdadh bhliadhnail aca. Thèid co-dhùnaidhean na h-obrach seo agus cunnartan susbainteach sam bith a rannsachadh agus thèid dèiligeadh leotha mar a tha iomchaidh.

CUNNTACHALACHD AGUS IN-SMACHD

Tha an t-uallach iomlan air a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gun cum MG ALBA suas siostam in-smachd a bhios a' lùghdachadh chunnartan agus a' dìon maoin agus gnothaichean MG ALBA, agus a bheir don Bhòrd barrantas reusanta gu bheil am fiosrachadh ionmhais a thèid a chleachdadh a-staigh agus fhoillseachadh a-muigh fìor.

Ged nach urrainn do shiostam in-smachd sam bith làn bharrantas a thoirt an aghaidh mì-àithris, call no mì-riaghladh maoin MG ALBA, tha na siostaman an sàs dealbhte airson comharrachadh do na Buill cùisean a tha ag iarraidh aire ann an tìde gus an tèid beachdachadh orra agus dèiligeadh riutha gu h-iomchaidh.

Ann an 2008/09, dh'aontaich am Bòrd ri poileasaidhean agus pàipearan corporra ùra no air an ùrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil riaghailtean agus structaran follaiseach air an stèidheachadh airson MG ALBA mar chom-pàirtiche ann an iomairt chraolaidh:

- Gnàth-riaghailtean
- Riaghailtean Ionmhais

Board Executive Forum

The Senior Management Team, the Chairman of the Board and Committee Chairmen meet informally or hold a telephone conference as often as is needed, to deal with any pressing matters and to enable regular communication.

Monitoring

The Chairman is in regular contact with the Chief Executive, who has day-to-day responsibility for all aspects of MG ALBA's activities.

MG ALBA's external auditors discuss with the Board any reportable weaknesses identified during their annual audit. Significant findings and risks are examined and are subject to appropriate action.

ACCOUNTABILITY AND INTERNAL CONTROLS

Board members have overall responsibility for ensuring that MG ALBA maintains a system of internal controls that minimise risk, safeguard MG ALBA's assets and interests, and provide the Board with reasonable assurance of the reliability of the financial information used internally and for external publication.

Although no system of internal controls can provide absolute assurance against material misstatement, loss or mismanagement of MG ALBA's assets, the systems in place are designed to identify to the members matters which require attention on a timely basis so that they may be considered and dealt with appropriately.

During 2008/09, the Board approved the following new or revised policies and corporate documents to ensure that clear rules and structures are in place for MG ALBA in its new role as a partnership broadcaster:

- Standing Orders
- Financial Regulations



AITHRIS RIAGHLAIDH ++ GOVERNANCE STATEMENT ++

- Poileasaidh Solarachaidh & Sgeama Tairgse
- Poileasaidh Goistidheachd
- Còd Giùlain nam Ball
- Leabhar-làimh an luchd-obrach

BÒRD ALBA

Tha Aonta Laghail eadar MG ALBA agus am BBC, a tha a' cur an cèill mar a thèid BBC ALBA a ruith leis an dà bhuidhinn agus dè chuireas gach buidheann ris a' phròiseact.

Tha Bòrd ALBA, air a bheil luchd-obrach bho gach buidhinn, a' cumail sùil air a' cho-bhanntachd. Is iad buill Bòrd ALBA:

Àrd Oifigear MG ALBA (sa chathair)
Ceannard Ionmhais & Ghoireasan MG ALBA
Àrd Oifigear Obrachaidh a' BhBC ann an Alba
Ceannard Phrògraman a' BhBC ann an Alba

Fon Aonta Laghail thèid Ceannard Seirbheis BBC ALBA fhasadh leis a' BhBC agus thèid Ceannard Phrògraman BBC ALBA fhasadh le MG ALBA.

- Procurement Policy and Scheme of Tendering
- Sponsorship Policy
- Code of Conduct for Members
- Employee Handbook

BÒRD ALBA

MG ALBA and the BBC have entered into a collaboration agreement that sets out the terms on which the two organisations run BBC ALBA and the resources that they will provide to the project.

This partnership is overseen by Bòrd ALBA, a joint management board whose membership consists of:

MG ALBA Chief Executive (Bòrd ALBA chair)
MG ALBA Head of Operations and Finance
BBC Scotland Chief Operating Officer
BBC Scotland Head of Programmes

Under the terms of the collaboration agreement, BBC ALBA's Head of Service will be a BBC employee and BBC ALBA's Head of Content will be an MG ALBA employee.



**SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG
AG OBRACHADH FON AINM MG ALBA**

**CUNNTASAN AIRSON NA BLIADHNA A
DHÙIN**

31 MÀRT 2009

**SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG
OPERATING AS MG ALBA**

ACCOUNTS FOR THE YEAR ENDED

31 MARCH 2009

Aithris mu Dhleastanasan a' Bhùird Statement of the Board's Responsibilities	30
Aithisg bhon Luchd-sgrùdaidh Neo-eisimeileach Report of the Independent Auditor	32
Cunntas Teachd-a-steach agus Cosgais Income & Expenditure Account	34
Cothromachadh Cosgais Balance Sheet	35
Aithris mu Shruth-airgid Cash Flow Statement	36
Fios mu na Cunntasan Notes to the accounts	37



AITHRIS MU DHLEASTANASAN A' BHÙIRD

STATEMENT OF THE BOARD'S RESPONSIBILITIES

Tha am Bòrd an urra ri na cunntasan agus an Aithisg Bhliadhnail ullachadh a rèir Inbhean Cunntasachd na Rìoghachd Aonaichte (Cleachdadh Cunntasachd Coitcheann na Rìoghachd Aonaichte) agus laghan iomchaidh.

Fo Achd Craolaidh 1990 (a chaidh a leasachadh le Achd Craolaidh 1996 agus le Achd Conaltraidh 2003), feumaidh am Bòrd cunntasan ullachadh airson gach bliadhna-ionmhais a bheir dealbh cheart fhirinneach air cùisean na Seirbheis agus air toraidhean na Seirbheis rè na h-ùine sin. Agus na cunntasan seo gan ullachadh aige, feumaidh am Bòrd:

- poileasaidhean cunntasachd iomchaidh a thaghadh agus an uair sin an cur an gnìomh air an aon rèir;
- breitheanas agus measadh a tha reusanta agus seaghach a dhèanamh;
- cur an cèill an do chumadh ri inbhean cunntasachd iomchaidh, fo rèir chlaonaidhean sam bith a nochdar agus a mhìnichear anns na cunntasan;
- na cunntasan ullachadh mar ghnòthach a' dol air adhart nas lugha na chan eil e iomchaidh gabhail ris gun cùm an t-Seirbheis oirre ag obrachadh.

The Board is responsible for preparing the Annual Report and the accounts in accordance with applicable law and United Kingdom Accounting Standards (United Kingdom Generally Accepted Accounting Practice).

The Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003) requires the Board to prepare accounts for each financial year which give a true and fair view of the state of affairs of the Service and of the results of the Service for that period. In preparing these accounts, the Board is required to:

- select suitable accounting policies and then apply them consistently;
- make judgements and estimates that are reasonable and prudent;
- state whether applicable accounting standards have been followed, subject to any material departures disclosed and explained in the accounts;
- prepare the accounts on the going concern basis unless it is inappropriate to presume that the Service will continue in operation.



Tha buill a' Bhùird an urra ri clàran-cunntasachd ceart a chumail a nochdas le cruinneas reusanta ag àm sam bith suidheachadh ionmhais na Seirbheis agus a chuireas air chomas dhaibh a dhèanamh cinnteach gun gèill na cunntasan do dh'Achd Craolaidh 1990 (a rèir mar a chaidh a leasachadh). Tha iad cuideachd an urra ri maoin na Seirbheis a dhìon agus uime sin ceumannan reusanta a ghabhail gus feall agus mì-riaghailt eile a chasg agus a lorg a-mach.

Chun na h-ìre agus gum bi buill a' Bhùird mothachail:

- chan eil fiosrachadh-sgrùdaidh iomchaidh sam bith air nach eil luchd-sgrùdaidh na Seirbheis eòlach; agus
- tha buill a' Bhùird air na ceumannan uile a ghabhail a bu chòir a bhith air an gabhail gus am biodh iad mothachail air fiosrachadh-sgrùdaidh iomchaidh sam bith agus gus a dhearbhadh gu bheil an luchd-sgrùdaidh mothachail air an fhiosrachadh sin.

Tha am Bòrd an urra ri cumail suas agus amalachadh an fhiosrachaidh a thaobh ionmhais a tha air làrach-lìn na Seirbheis.

The members of the Board are responsible for keeping proper accounting records that disclose with reasonable accuracy at any time the financial position of the Service and enable them to ensure that the accounts comply with the Broadcasting Act 1990 (as amended). They are also responsible for safeguarding the assets of the Service and hence for taking reasonable steps for the prevention and detection of fraud and other irregularities.

In so far as the members of the Board are aware:

- there is no relevant audit information of which the Service's auditors are unaware; and
- the members of the Board have taken all steps that they ought to have taken to make themselves aware of any relevant audit information and to establish that the auditors are aware of that information.

The Board is responsible for the maintenance and integrity of the corporate and financial information included on the Service's website.



AITHISG BHON LUCHD-SGRÙDAIDH NEO-EISIMILEACH GU BUILL SHEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

REPORT OF THE INDEPENDENT AUDITOR TO THE MEMBERS OF SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

32

Tha sinn air sgrùdadh a dhèanamh air na cunntasan aig Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig airson na bliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2009 a tha air an dèanamh suas de chunntas teachd-a-steach is cosgais, an cothromachadh cosgais, aithris mu shruth-airgid agus notaichean 1 gu 18. Thathar air na cunntasan seo ullachadh fo na poileasaidhean cunntasachd a tha air an cur an làthair nam broinn.

Thathar air an aithisg seo a dhèanamh do Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a-mhàin, mar bhuidhinn, a rèir Achd Craolaidh 1990 (a chaidh a leasachadh le Achd Craolaidh 1996 agus le Achd Conaltraidh 2003). Tha sinn air an obair againn a ghabhail os làimh gus a chur an cèill don Bhòrd mu na cùisean sin a dh'fheumas sinn cur an cèill dha ann an aithisg luchd-sgrùdaidh agus chan ann air adhbhar sam bith eile. Chun na h-ìre as motha a cheadaichear fon lagh, chan eil sinn a' gabhail uallach do neach sam bith seach an t-Seirbheis mar bhuidhinn, don obair-sgrùdaidh againn, don aithisg seo, no airson nam beachd a tha sinn air nochdadh.

DLEASTANASAN AN LUCHD-STIÙIRIDH AGUS AN LUCHD-SGRÙDAIDH MU SEACH

Tha dleastanasan a' Bhùird a thaobh ullachadh nan cunntasan a rèir Achd Craolaidh 1990 (a chaidh a leasachadh le Achd Craolaidh 1996 agus le Achd Conaltraidh 2003) agus fo lagh na Rìoghachd Aonaichte agus Inbhean Cunntasachd (Cleachdadh Cunntasachd Choitcheann na Rìoghachd Aonaichte) air an cur an làthair anns an Aithris mu dhleastanasan a' Bhùird.

'S e an dleastanas a tha oirnn na h-aithrisean-ionmhais a sgrùdadh a rèir nam feumalachdan iomchaidh fon lagh agus fo riaghailtean is Inbhean Eadar-nàiseanta mu Sgrùdadh (An Rìoghachd Aonaichte is Èirinn).

Tha sinn a' toirt mar aithisg dhuibh am beachd againn co-dhiù a tha dealbh fhìor agus cheart ga toirt aig na cunntasan gus nach eil agus a tha iad air an ullachadh a rèir Achd Craolaidh 1990 (a rèir mar a chaidh a leasachadh). Tha sinn cuideachd a' toirt dhuibh mar aithisg mas e, nar beachd, gu bheil an t-Seirbheis air clàran-cunntasachd ceart a chumail no ma tha sinn air am fiosrachadh agus an soilleireachadh uile fhaotainn airson an sgrùdaidh againn.

We have audited the accounts of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig for the year ended 31 March 2009 which comprise the income and expenditure account, the balance sheet, cashflow statement and notes 1 to 18. These accounts have been prepared under the accounting policies set out therein.

This report is made solely to Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, as a body, in accordance with the Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003). Our work has been undertaken so that we might state to the Board those matters we are required to state to them in an auditors' report and for no other purpose. To the fullest extent permitted by law, we do not accept or assume responsibility to anyone other than the Service as a body, for our audit work, for this report, or for the opinions we have formed.

RESPECTIVE RESPONSIBILITIES OF DIRECTORS AND AUDITORS

The Board's responsibilities for preparing the accounts in accordance with the Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003) and United Kingdom law and Accounting Standards (United Kingdom Generally Accepted Accounting Practice) are set out in the Statement of the Board's responsibilities.

Our responsibility is to audit the financial statements in accordance with relevant legal and regulatory requirements and International Standards on Auditing (UK and Ireland).

We report to you our opinion as to whether the accounts give a true and fair view and are properly prepared in accordance with the Broadcasting Act 1990 (as amended). We also report to you if, in our opinion, the Service has not kept proper accounting records, or if we have not received all the information and explanations we require for our audit.



Bidh sinn a' leughadh an fhiosrachaidh eile anns an Aithisg Bhliadhnail agus a' gabhail beachd a bheil e air an aon rèir ris na cunntasan air an sgrùdadh. Chan eil anns an fhiosrachadh eile seo ach teachdaireachd a' Chathraiche agus lèirmheas an Àrd-Oifigeir. Bidh sinn a' gabhail beachd air a' bhuidheachas air an aithisg againn ma dh'fhàsas sinn mothachail air mì-aithrisean sam bith no cùisean adhbharra gun a bhith air an aon rèir ris na cunntasan. Cha bhi na dleastanasan againn a' sìneadh gu fiosrachadh sam bith eile.

BUNAIT BEACHD AN LUCHD-SGRÙDAIDH

Tharraing sinn an sgrùdadh againn a-mach a rèir nan Inbhean Eadar-nàiseanta mu Sgrùdadh (An Rìoghachd Aonaichte is Èirinn) a dh'fhoillsich Bòrd nan Cleachdaidhean Cunntasachd. Ann an sgrùdadh tha deuchainn air fianais ceangailte ris na suimeannan agus ris na nochdaidhean anns na cunntasan. Tha measadh ann cuideachd air na measaidhean as cudromaiche a rinn am Bòrd agus na cunntasan gan ullachadh agus a bheil na poileasaidhean-cunntasachd iomchaidh do shuidheachadh na Seirbheis, air an cur an sàs air an aon rèir agus air an nochdadh gu leòr.

